

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Am Brisgean (2)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 660. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 356 corresponds to Litir 660.*

Bha mi ag innse dhuibh mun *bhrisgean*, no *silverweed*, lus a tha pailt ann an àiteachan far a bheil gainmheach, leithid air machraichean nan eilean. Cha do lorg mi mòran ainmean-àite anns a bheil “brisgean”. Tha rubha ann an Rònaigh Beag faisg air Griomasaigh air a bheil *Rubha nam Brisgean*. Ach’s dòcha gu bheil an lus ro phailt airson a bhith air ainmeachadh gu mòr.

Dh’fheuch mi am brisgean turas agus cha do shaoil mi cus dhen bhlas. Bha e rud beag coltach ris a’ churran-gheal, gun a bhith cho mhath ris. Tha na freumhan beag. Agus tha iad uaireann doirbh a bhuain, oir bidh iad a’ dol am measg freumhan lusan eile. Tha cunntas ann de dhaoine ann an Tiriodh is Colla, agus sna h-Eileanan A-muigh – a bhith a’ cur a leithid gu feum aig àm gorta, no as t-Earrach nuair a bha biadh gann. Ach cha bhiodh iad a’ cleachdadh a’ bhrisgein aig amannan eile, am bitheadh?

Uill, bha mi a’ leughadh mu na treubhan dùthchasach ann am Ameireagaidh a Tuath, air an taobh an iar, eadar Washington is Alasga. Bhiodh iad a’ fàs lus a tha dlùth-chàirdeach don bhrisgean againne. Bhiodh iad a’ cumail luibhean eile a-mach às an àite, agus bhiodh freumhan a’ bhrisgein a’ fàs an ìre mhath mòr. Bhiodh iad a’ buain a’ bhrisgein as t-fhoghar agus ga stòradh thairis air a’ gheamhradh. **A rèir choltais, ’s ann as t-fhoghar as fheàrr a tha am blas.**

Saoil an robh an aon rud fìor ann an Alba? Am biodh ar sinnsearan a’ fàs a’ bhrisgein a dh’aona-ghnothach, seach a bhith dìreach a’ spionadh na bha a’ fàs gu nàdarrach? Agus ’s e an fhreagairt – bhitheadh. Ann an *Carmina Gadelica*, tha Alasdair MacIlleMhìcheil ag innse dhuinn, mus do nochd am buntàta air a’ Ghàidhealtachd, gum biodh daoine a’ fàs a’ bhrisgein agus gum biodh an lus a’ ruigsinn meudachd mhòr ann an suidheachadh mar sin. Seo mar a chuir e ann am Beurla e: “*As certain places are noted for the cultivation of the potato, so certain places are remembered for the cultivation of silverweed*”.

Tha e ag ainmeachadh àite ann am Paibeil ann an Uibhist a Tuath air an robh *Lag nan Tanchasg*. Anns an àite sin, b’ urrainn fear a chumail fhèin beò le bhith ag àiteachadh pìos beag fearainn ann an cumadh ceàrnaig, agus na taobhan cho fada ri àird an duine fhèin. Agus bha e beò air a’ bhrisgean! Uill, chan eil mi cinnteach mu dheidhinn sin. **Saoilidh mi nach eil e uabhasach coltach.**

Co-dhiù, tha MacIlleMhìcheil a’ dearbhadh gun robh na Gàidheil ga fhàs, dìreach mar a bha na tùsanaich Ameireaganach. Bha mi a’ coimhead air a’ mhapa airson Lag nan Tanchasg, agus cha do lorg mi e. ’S dòcha gun inns cuideigin à Uibhist

a Tuath dhomh a bheilear ag aithneachadh an àite fhathast. Agus dè a' chiall a th' air *Tanchasg*? A bheil e a' seasamh airson a' bhrisgein fhèin – air a bheil uaireannan, ann am Beurla, *tansy*?

Tha sin gam thoirt gu dà ainm eile airson a' bhrisgein – *curran-earraich*, ainm a tha follaiseach gu leòr, agus *an seachdamh aran*. “Brisgean beannaichte an Earraich, seachdamh aran a' Ghàidheil”. Nam b' e am brisgean an seachdamh aran, ge-tà, dè na sia eile a bh' ann? Bheir sinn sùil air sin anns an ath Litir.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** brisgean: *silverweed*; gainmheach: *sand*; rubha: *point, promontory*; dlùth-chàirdeach: *closely related*; Alasdair MacIlleMhìcheil: *Alexander Carmichael*.

**Abairtean na Litreach:** leithid air machraichean nan eilean: *such as on the island machairs*; ro phailt airson a bhith air ainmeachadh gu mòr: *too plentiful to be named much*; coltach ris a' churran-gheal, gun a bhith cho mhath ris: *like the parsnip but not as good as it*; doirbh a bhuain: *difficult to harvest*; am measg freumhan lusan eile: *among the roots of other plants*; ann an Tiriodh is Colla, agus sna h-Eileanan A-muigh: *in Tiree and Coll, and in the Outer Isles*; a bhith a' cur a leithid gu feum aig àm gorta: *using such things in time[s] of famine*; a' leughadh mu na treubhan dùthchasach ann am Ameireagaidh a Tuath: *reading about the native tribes in North America*; ga stòradh thairis air a' gheamhradh: *storing it over the winter*; am biodh ar sinnsearan a' fàs a' bhrisgein a dh'aona-ghnothach?: *would our ancestors deliberately grow the silverweed?*; a' ruigsinn meudachd mhòr: *reaching a good size*; b' urrainn fear a chumail fhèin beò: *a man could keep himself alive*; ag àiteachadh pìos beag fearainn ann an cumadh ceàrnaig: *cultivating a small piece of land in the shape of a square*; agus na taobhan cho fada ri àird an duine fhèin: *with the sides as long as the man's own height*; a bheilear ag aithneachadh an àite fhathast: *is the place still recognised*; tha sin gam thoirt gu dà ainm eile airson a' bhrisgein: *that brings me to two other names for the silverweed*; brisgean beannaichte an Earraich, seachdamh aran a' Ghàidheil: *blessed silverweed of the spring, the seventh bread of the Gael*; nam b' e am brisgean an seachdamh aran, ge-tà: *if the silverweed were the seventh bread, however*.

**Puing-chànain na Litreach:** A rèir choltais, 's ann as t-fhoghar as fheàrr a tha am blas: apparently, **it's in autumn that the flavour is best**. Note the placing of *as fheàrr* in this construction. Here are some other examples. 'S e Iain Mac a' Ghobhainn **as motha** air a bheil an t-uallach (*it's John Smith who has the greatest responsibility*); 's e Iseabail an tè **as coltaiche** a thèid a thaghadh (*Ishbel is the most likely woman to be chosen*); 's ann anns an fhicheadamh linn **a bu mhotha** a dh'àrdach teòthachd na Cruinne (*it's in the twentieth century that the Earth's temperature rose the most*).

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** **Saoilidh mi nach eil e uabhasach coltach:** *I don't think it's very likely [to be true]*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA